

SEACHDAIN ÙRNAIGH AIRSON AONACHD CHRÌOSDAIL 2025

*A bheil thu a'*  
*creidsinn*  
*seo?*



A wyt ti'n credu hyn?  
An gcreideann tú an méid sin?  
Do you believe this?



**18-25 FAOILLEACH 2025**

[www.ctbi.org.uk/weekofprayer](http://www.ctbi.org.uk/weekofprayer)



Iomhaigh Chrìosd aig a' mhanachainn ann am Bose, dealbh le Jim Forest

Aig cridhe ar meòrachaidh airson na Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail am-bliadhna tha a' cheist a chuir Ìosa air Marta: “A bheil thu a” creidsinn seo?” (Eòin 11:26). Bha an aon cheist seo ag èirigh tro dheasbadan na ciad Chomhairle Eadar-eaglaisich, ann an Nicaea ann an 325, a chruinnich coimhearsnachdan Crìosdail bho air feadh an t-saoghail gus an dàimhean mar Eaglais Ìosa Chrìosd a neartachadh. Air a leughadh leatha fhèin dh'fhaodadh a' cheist a bhith a' coimhead na dùbhlain mòr, ach bho sgeulachd an t-Soisgeil tha e soilleir gu bheil briathran Ìosa làn gaoil agus nan cuireadh seach nan dùbhlain. Anns an aon dòigh, ged nach robh Comhairle Nicaea às aonais a dùbhlain fhèin le Eaglais leònte agus sgapte a' feuchainn ri firinn teachdaireachd an t-Soisgeil aithneachadh, bha miann follaiseach ann ceangal agus buntainneas a dhoimhneachadh agus a bhith beò gu dìleas mar dheisciobail Chrìosd.

A' meòrachadh air na h-amannan sin tha sinn a' cuimhneachadh gu bheil tiodhlac ar creideimh a' toirt taic agus dùbhlain dhuinn. Thathas air gabhail ris an 1700mh ceann-bliadhna de Chomhairle Nicaea am-bliadhna le dealas agus dòchas anns an Eaglais chruinneil agus ann am buidhnean eadar-eaglaiseach, a' brosnachadh raon farsaing de thachartasan agus chòmhradh. Thathas a' cur luach air mar àm cudromach ann an eachdraidh cho-roinnte thar nan diofar thraidiseanan Crìosdail, a dh'aindeoin na h-iomadh dòigh san do dhealaich ar slighean anns na bliadhnaichean bhon uair sin. Tha cuid air fuireach nas fhaisge air an Eaglais a

---

bhathas a’ sùileachadh aig Nicaea le Creud Nicaea fhathast air leth cudromach mar aithris creideimh, agus cuid eile air gluasad air falbh bhon Chreud, a’ cur barrachd cuideim air dòighean eile air creideamh Crìosdail co-roinnte a chur an cèill. Le bhith a’ coimhead air ais còmhla bho ar diofar sheallaidhean gheibh sinn cothrom tuigse agus dàimhean a dhoimhneachadh, a’ neartachadh ar n-aonachd ann an iomadachd.

Ged a tha sinn ag aithneachadh an luach a th’ ann an coimhead air ais, tha sinn cuideachd mothachail gum feum sinn meòrachadh air mar a tha sinn a’ freagairt ceist Chrìosd ann an suidheachadh an latha an-diugh, a’ beachdachadh, mar a nì sinn sin, air na dh’fhaodadh sinn ionnsachadh bho eisimpleir agus eòlas Nicaea. Is i ceist chudromach a thaobh sin, agus tè a bhios an t-Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail a’ feuchainn ri freagairt: dè am buntanas do bheatha agus do mhisean na h-eaglaise ionadail?

Tha cothrom ann tidhrlac ar creideimh cho-roinnte a chomharrachadh, agus neart is brosnachadh a tharraing bhuaith. Anns an àm dhuilich agus buaireasach seo, faodaidh sinn cridhe a ghabhail bho mhaireannachd a’ chreidimh sin. Bha an Eaglais a chruinnich ann an Nicaea air a crathadh agus air a leòn le fòirneart agus geur-leanmhainn agus mar sin bha i faisg air fulangas a’ chinne-daonna. Fhuair i cothrom conaltradh a dhèanamh le cumhachd poilitigeach, rud a dh’adhbharaich roghainnean duilich a thaobh mar a b’ fheàrr a sgaoileadh iad deagh naidheachd an t-Soisgeil mar dheisciobail dhileas do Chrìosd, aig a bheil Rìoghachd nach eil den t-saoghal seo. Ann an saoghal roinnte an latha an-diugh, nuair a tha earbsa air chall ann an deòin chumhachdan agus ùghdarrasan poilitigeach, an Eaglais nam measg, gus an fheadhainn as laige a dhìon, ciamar a dh’fhaodadh ath-nuadhachadh ar dealais do aonachd Chrìosdail deagh bhuil a thoirt a-mach?

Feumaidh ar saoghal roinnte, briste sealladh ùr airson sìth, stèidhichte air aithneachadh ar n-eadar-cheangail agus ar daonnachd cho-roinnte. Mar a bhios sinn a’ cruinneachadh gus an ceann-bliadhna seo a chomharrachadh, tha cothrom againn na ceistean cruaidh fhaighneachd mu na dh’fhaodadh a bhith a’ lagachadh ar dearbh-aithne cho-roinnte mar Chrìosdaidhean agus ar fianais choitcheann air an t-saoghal. Tha sinn a’ cuimhneachadh cumhachd cruth-atharrachail ar creideimh a tha a’ toirt dòchas ann am fulangas tron ghealladh gum bi sinn uile air ar n-ùrachadh ann an Crìosd.

**An t-Oll Nicola Brady, Àrd-rùnaire,  
Eaglaisean Còmhla ann am Breatainn agus Èirinn**



Ùrnaigh aig a' mhanachainn ann am Bose, dealbh le Jim Forest

Am-bliadhna chaidh an t-seirbheis eadar-eaglaiseach a chur air dòigh le coimhearsnachd Bose, manachainn eadar-eaglaiseach de bhràithrean is pheathraichean ann an ceann a tuath na h-Eadailt. Ann am Bose, tha ruitheam de dh'ùrnaigh chunbhalach na bhunait do beatha na coimhearsnachd. Bidh na glagan a' gairm nam peathraichean, nam bràithrean agus nan aoighean gu ùrnaigh, cruinn aig an eaglais.

Mar a bhios sinn a' comharrachadh 1,700 bliadhna bho Chomhairle Nicaea, tha Creud Nicaea aig cridhe na seirbheis adhraidh seo. Mar riochdachadh air seo, tha leughaidhean sgrìobtair na bliadhna a' cuimseachadh air creideamh.

Aig an t-seirbheis seo thathar a' toirt cuireadh don choimhearsnachd a tha air cruinneachadh meòrachadh air an sgeulachd mu aideachadh creideimh Mharta ann an Ìosa mar a chaidh aithris ann an Eòin 11:17-27. Thathas ag iarraidh air gach neach meòrachadh air ceist bhrosnachail Ìosa gu Marta: “A bheil thu a' creidsinn seo?”

Mar fhreagairt do ghairm an fhacail, tha sinn a' daingneachadh ar creideimh còmhla ann an aithris shòlaimte air Creud Nicaea. Tha an t-àm seo ga chomharrachadh le co-roinn solas Chrìosd, air a shamhlachadh le coinnean laiste. Thèid coinnean a chur mun cuairt, a' sgaoileadh an t-solais tron choinneimh. Tha sinn a' seasamh còmhla

---

mar sholas an t-saoghail, aonaichte ann an gaol, ag ràdh: “Tha sinn a’ creidsinn...”. Aig deireadh na creuda, tha na coinnean laiste air an cur ri chèile ann an soitheach freagarrach agus sàbhailte, gus an loisg iad còmhla mar chuimhneachan air ar gairm leantainnich gu aonachd Chrìosdail.

Is e feart sònraichte eile an adhradh am-bliadhna gun cluinnear briathran sgrìobhadairean Crìosdail o shean, gu sònraichte ann an ùrnaighean eadar-ghuidhe. Do pheathraichean is bràithrean Bose, tha na sgrìobhadairean seo nan stòr beò airson na beatha a th’ aca còmhla.

## Susbaint gach latha den t-Seachdain Ùrnaigh

Tha na teacsaichean airson ùrnaigh phearsanta no choitcheann de gach aon de na h-ochd làithean a’ toirt a-steach dà leughadh sgrìobtarail agus salm. Tha na teacsaichean Biobaill airson gach latha a’ nochdadh prìomh aithrisean mu Chreud Nicaea.

Latha 1: Athaireachd agus màthaireachd Dhè a tha a’ riaghladh na cruinne-cè.

Latha 2: Cruthaidheachd mar obair Dhè

Latha 3: Mar a rinneadh am Mac na fheòil

Latha 4: Dìomhaireachd Phaschal: Fulangas, Bàs agus Aiseirigh Ìosa

Latha 5: An Spiorad Naomh, anail Dhè

Latha 6: An Eaglais: Coimhearsnachd nan creidmheach

Latha 7: Baisteadh gu Bàs agus Aiseirigh an Tighearna

Latha 8: A’ feitheamh ris an Rìoghachd

Manachainn ann am Bose, dealbh le Jim Forest



# Latha 1

## Athaireachd agus màthaireachd Dhè a tha a' riaghladh na cruinne-cè

### Leughaidhean Sgrìobtair

Isaiah 63:15-17

Salm 139:1-3, 13, 23-24

1 Corintianaich 8:5-6

### Mìneachadh

Tha seann sgrìobhadairean, agus am Bioball fhèin, ag aithneachadh buadhan an dà chuid Athar agus Màthar ann an Dia, mar a tha Clement Alexandria, aon den luchd-aithris as tràithe, ag ràdh, tha “truas Dhè ga dhèanamh na mhàthair dhuinn”. Chan urrainn dhuinn farsaingeachd na cruinne-cè a thuigsinn dha-rìreabh oir bheireadh am modh còmh-dhail a bu luaithe a b' urrainn dhuinn a dhealbhadh a-nis còig mìle bliadhna deug gus an siostam rionnag as fhaisge air a' ghrèin againn a ruighinn, ach is urrainn dhuinn tòiseachadh a' cur luach air mìorbhail na pàirt bige, biodaich sin den chruinne-cè 's a bheil sinne a' fuireach. Chan eil na h-uile mun cuairt oirnn “soilleir agus maiseach” agus tha sinn fhìn air an talamh

againn a mhilleadh, ach is e Dia “a tha an-còmhnaidh a' guidhe oirnn am beairteas agus saobhbheas aige a thoirt às an taigh-stòir aige, airson gum bi sinn beairteach agus nach fhulaing sinn bochdainn”(Philoxenus Mhabug). Gum biodh sinn daonnan mothachail air a' bheairteas a tha air a thoirt dhuinn agus air an t-sochair agus an t-uallach a tha an lùib na stiùbhardachd sin.

### Ceistean

1. Ciamar a fhuair thusa eòlas air cùram athaireil agus co-fhaireachdainn mhàthaireil Dhè nad bheatha fhèin?
2. Dè a tha gar bacadh bho bhith ag aithneachadh gach neach mar leanabh Dhè?
3. Ciamar a tha a bhith ag aithneachadh Dhè mar Athair nan uile a' toirt buaidh air ar tuigse agus ar càirdeas ri daoine eile, ge bith an ath dhoras no ann an dùthaich fada air falbh?

## Ùrnaigh

Tha sinn gad bheannachadh, a  
Thighearna, Athair nan solas:  
bhuatsa thig gach nì math, agus gach  
tiodhlac foirfe.  
Is tu a rinn an saoghal 's gach nì a  
th' ann,  
is tu Tighearna nèimh agus na  
talmhainn.  
Chruthaich thu gach sluagh a tha a'  
còmhnaidh air an talamh.  
Dhaibhsan stèidhich thu òrdugh tim  
agus crìochan àite.  
Ann an cridhe mhic an duine, chuir  
thu doimhneachd na siorraidheachd.  
Ath-bhreith annainn an aonachd sin a  
tha ar fèin-thoileachas air briseadh  
nad Eaglais agus anns an aon saoghal  
mun cuairt oirnn.  
A Dhia gach sòlais,

iarr oirnn do leantainn  
agus dèan obair ar làimhe daingeann  
dhuinn.  
Tha sinn gad mholadh tro Ìosa Crìosd,  
d' aon-ghin Mhic,  
ann an co-chomann an Spioraid  
Naoimh AMEN.

## Cnuasachadh

Dè tha seo  
seo uile  
Dè th' ann an 'tha' co-dhiù?  
Tha fios agadsa, ach chan urrainn  
dhuinne ach tomhas.  
Cuir lasair annainn, a Thì as àirde, le  
iongnadh na beatha  
nuair a dh'fheumas ar tuigse cromadh  
air do bheulaibh.

## Theirig agus Dèan

(see [www.ctbi.org.uk/goanddo](http://www.ctbi.org.uk/goanddo))

**Pearsanta:** Beachdaich air mar a chuidicheas tu gus a' phàirt den t-saoghal anns a bheil thu a' fuireach ùrachadh. Dè an gnìomh beag seirbheis no cùraim a b' urrainn dhut a dhèanamh gus eadar-dhealachadh a thoirt gu buil?

**Ionadail:** Ciamar a b' urrainn dhut obair le eaglaisean eile gus gràdh Dhè a nochdadh nad choimhearsnachd? Thoir cuireadh do dh'eaglaisean faisg ort a' cheist seo a rannsachadh còmhla riut.

**Cruinneil:** Lorg cothroman gus ionnsachadh mu agus ceangal ri do nàbaidhean cruinneil. Dh'fhaodadh seo a bhith tro cheanglaichean eadar-nàiseanta na h-eaglaise agad a neartachadh no dol an sàs ann an cùisean cruinneil leithid èiginn na gnàth-thìde.

# Latha 2

## Cruthaidheachd mar obair Dhè

### Leughaidhean Sgrìobtair

Genesis 1:1-5

Salm 148:1-14

Ròmanaich 8:19-23

### Mìneachadh

Sgrìobh Theophilus Antioch anns an dàrna linn: “Chan fhaicear Dia le sùilean dhaoine, chithear is tuigear e tro a fhreastal agus obraichean. Dìreach mar a tha fear a chì bàta làn-uidheamaichte a’ tighinn a-steach don phort a’ gabhail ris gu bheil pileat aice ga stiùireadh, feumaidh sinne tuigsinn gur e Dia pileat na cruinne-cè air fad, ged nach eil e follaiseach do shùilean na feòla leis gu bheil e do-thuigsinn.” Sgrìobh Isaac Nineveh linntean an dèidh sin gur e “a’ chiad leabhar a thug Dia do chreutairean reusanta nàdar nan rudan cruthaichte. Chaidh stiùireadh sgrìobhte le inc a chur an sàs às dèidh a’ pheacachaidh.” Tha na faclan seo a tha thu a-nis a’ leughadh air an clò-bhualadh ann an inc air duilleag, no air an ath-riochdachadh gu dealanach air-loidhne, ach chan eil annta ach riochdachadh fann air comharra Dhè air a’ chruthaigheachd. Mura h-urrainn dhuinn iongnadh a ghabhail air obair Dhè mar Chruithear, chan urrainn dhuinn iongnadh a ghabhail idir.

### Ceistean

1. Tha sinn a’ creidsinn gu bheil Dia an làthair anns a’ chruthaigheachd gu lèir ged a tha e uaireannan duilich aithneachadh. Ciamar a tha Dia an làthair nad eòlas-sa air cruthaigheachd?
2. Is e a’ chruthaigheachd tiodhlac Dhè a tha fo fhulangas, gu tric air a chur thuige le mac an duine. Ciamar a tha na h-eaglaisean sa choimhearsnachd agad ag obair gus fulangas na cruthaigheachd a shlànachadh far a bheil thu?
3. Ciamar a bheir aithne do Dhia mar Chruithear buaidh air do bheachd air iomadachd beatha dhaoine?

### Ùrnaigh

Tha sinn gad mholadh agus a’ toirt taing dhut,

A Dhia a’ ghràidh sheasmhaich, airson comharran do ghràis agus do thròcair airson na cruthaigheachd uile.

Rinn thu a h-uile nì math: ghairm thu gun robh iad math, agus tha gràdh agad air gach nì a bheir beatha.

Tha sinn a’ cur an cèill, a Thighearna, do ghloir

ri fhaicinn ann am mòr-mheud  
 rionnagach na cruinne-cè agus  
 anns an t-sìol as lugha.  
 Tha sinn a' toirt taing airson  
 obraichean do làmhan  
 agus cruthaigheachd nan sluagh uile.  
 Is beannaichte thusa airson an èadhair  
 a bheir beatha dhuinn.  
 Is beannaichte thusa airson na  
 talmhainn a bheathaicheas sinn.  
 Is beannaichte thusa airson an uisge a  
 chaisgeas ar pathadh.  
 Is beannaichte thusa airson an teine a  
 bhlàthaicheas sinn.  
 A Thighearna Dia, Athair nan solas,  
 neartaich ar cridheachan ann an dùil  
 agus dòchas  
 mar a bhios sinn ag obair airson  
 aonachd agus còmhla a' sireadh co-  
 sheirm na cruthaigheachd gu lèir.  
 Gum biodh sinn nar lòchrain a' lasadh,

gu latha teachd do Mhic ann an glòir,  
 maille ri a naoimh uile anns an  
 rìoghachd shìorraidh.  
 Is beannaichte thu, aig an àm seo fhèin  
 agus gu bràth, agus gu cian nan  
 cian. **AMEN.**

## *Cnuasachadh*

Mar a dhùraigeas sinn beatha a  
 ghràdhachadh  
 feumaidh sinn eòlas air pian,  
 oir tha gràdh a' ciallachadh eòlas  
 air call.  
 Mar thusa, ar Dia, a fhuair eòlas air  
 gràdh caillte  
 agus creideamh air a cheannach  
 le dìomhanas,  
 thoir dhuinn an neart  
 gus a bhith a' gràdhachadh a chèile  
 seachad air àmhghar an diùltaidh.

## *Theirig agus Dèan*

(see [www.ctbi.org.uk/goanddo](http://www.ctbi.org.uk/goanddo))

**Pearsanta:** Rannsaich dòighean cruthachail airson ùrnaigh, tro ealain, obair-  
 làimhe, no ann an nàdar.

**Ionadail:** Lorg eaglais no buidheann faisg ort a tha ag obair gus cùram a thoirt  
 do shaoghal nàdair. Faigh a-mach mar a chuidicheas tu iad.

**Cruinneil:** Beachdaich air mar as urrainn na gnìomhan agad cron a dhèanamh  
 air saoghal Dhè ann an àiteachan fada bhuat. Ciamar as urrainn dhut  
 dèiligeadh ri seo?

# Latha 3

## Mar a rinneadh am Mac na fheòil

### Leughaidhean Sgrìobtair

Jeremiah: 33:14-16

Salm 72:12-14

Eòin 1:1-14

### Mìneachadh

“Anns an toiseach” thaisbean an Dia a tha beò ann an dàimh ris a’ Mhac agus ris an Spiorad, a chridhe dha mac an duine gaolach a chruthaich e ann an ìomhaigh Dhè, ann an coltas Dhè, air a bheathachadh le anail Dhè. Bha a dhealas cho mòr ’s nach do dhealaich eadhon brathadh peacadh mhic an duine e on ghaol sheasmhach a bh’ aige air an dream a chruthaich e. Às aonais, tha sinn gar faighinn fhèin air seachran bhon rud a leigeas leinn ar beatha a chaitheamh anns an dòigh as fheàrr. Bidh sinn a’ call ar fìor dhearbhaithne. Thug e dhuinn a Mhac diadhaidh a bhith còmhla rinn nar daonnachd agus is e sin stiùir ar n-adhbhair.

“Chaidh e na dhuine, gus am biodh sinne, a gheibh bàs mar dhaoine, beò a-rithist, agus nach bi am bàs a’ riaghladh oirnn tuilleadh.” Athanasius Alexandria.

Feumaidh an gnìomh iongantach seo, ma ghabhas sinn ris, taic a chur ri gach taobh de ar beatha agus sinn a’ dèanamh ar dìchill a bhith a’ tuigsinn

inntinn, a tha air fhoillseachadh dhuinn anns na soisgeulan. Rinn esan, a chur e fhèin suarach, seirbhiseach dheth fhèin a-mach à gaol, agus tha e a’ gairm oirne, a dhaoine, a bhith ga ghràdhachadh agus daoine eile a ghràdhachadh gu gnìomhach anns gach dòigh chruthachail.

*Agus rinneadh am Facal na fheòil, agus ghabh e còmhnaidh nar measg-ne (agus chunnaic sinn a ghlòir, mar ghlòir aon-ghin Mhic an Athar), làn gràis agus frinn. – Eòin 1:14*

### Cnuasachadh

An e umha a nì fuaim a th' annam?

An dèan mi gleangarsaich mar chiombal?

Am bi mi a’ trod,

a’ dol a-mach air daoine?

A’ togail casaid?

A’ breithneachadh?

A bheil mi glic, a’ labhairt gu dìreach, agus fiosrach air gach nì?

Am bi mi a’ toirt air falbh gach rud a th’ agam gu càch?

Am bi mi a’ trasgadh cha mhòr gu bàs?

Am bi mi a’ dèanamh gach rud

ach a’ fàilneachadh

a bhith a’ gràdhachadh?

Aithnich, a ghaoil,

ge bith càite an cuir thu thu fhèin,

gu h-àrd no gu h-ìosal,

gu bheil thu air do lorg, air do

ghràdhachadh, air d’ aoibhneachadh

agus air do dhìon thar tuigse.

Is ann ann an laigse a tha thu  
cumhachdach.

Leig le seirbheiseachd do nàdar as fheàrr  
a thaisbeanadh.

Tha sinn beò ann an saoghal uile gu  
lèir fèineil.

Tro ghràdh os-nàdarra ar Slànaigheir  
a rinneadh na fhèil,

bi nad mheadhan air atharrachadh,  
le bhith a' gabhail tlachd ann an gaol.

Tha a leithid de ghaol gad ullachadh  
airson rèabhlaideachd.

*“Is e gaol a’ ghnìomhachd as rèabhlaidich,  
an aon rud a-riamh a rinn atharrachadh  
air duine,” Ann Voskamp*

## Ùrnaigh

Facal Dhè

a theagasg dhuinn mar a  
ghràdhaicheas sinn.

Gun leigeadh sinn leat pàirt a ghabhail  
nar beatha anns a h-uile nì.

A Thighearna Dia, ar n-Athair,

## Ceistean

1. Mar a bhios sinn ag ionnsachadh mu Ìosa le bhith a' leughadh nan soisgeulan, dè na ceumannan a tha sinn a' gabhail gus a bhith nar “daoine nas fheàrr”?
2. Ciamar a gheibh sinn eòlas air gaol agus beatha Ìosa nar coimhearsnachdan?
3. Ciamar a bhios sinn ag ùrnaigh còmhla ri Ìosa airson feumalachdan an t-saoghail an-diugh?

tarraing thugad ar sùilean

chum gun coisich sinn còmhla mar  
do shluagh,

a' gluasad bhon dorchadas agus a' gabhail  
ri solas do ghnùis

air a thaisbeanadh dhuinn ann an Ìosa,  
do Mhac gràdhach, ar bràthair agus

ar Slànaighear,

a tha a' còmhnaidh maille riut, air do  
dheas làimh

a nis agus gu sìorraidh. **AMEN.**

## Theirig agus Dèan

([www.ctbi.org.uk/goanddo](http://www.ctbi.org.uk/goanddo))

**Pearsanta:** Smaoinich air gnàthasan beatha Ìosa – siubhal, ithe, bruidhinn, gabhail fois. Càite anns na cleachdaidhean làitheil àbhaisteach agad fhèin a choinnicheas tu ri Ìosa?

**Ionadail:** Tha Ìosa gar gairm gus coinneachadh ris tro ar gràdh agus cùram do dhaoine eile (Mata 25:40). Cò sa choimhearsnachd agad a dh'fheumas cùram agus ciamar a chuidicheas tu iad?

**Cruinneil:** Tagh trì àiteachan air feadh an t-saoghail airson a bhith ag ùrnaigh dhaibh gu cunbhalach. Ionnsaich mu na h-àiteachan sin gus d' ùrnaighean agus do ghnìomhan fhiosrachadh.

---

## CINN-LATHA

Mar as tric bidh an t-Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail air a cumail eadar 18 is 25 Faoilleach (ochdamh Naoimh Peadair agus Naoimh Pòil). Ach, bidh cuid de bhuidhnean a' taghadh amannan eile den bhliadhna, gu sònraichte timcheall air a' Chaingis a tha na latha samhlauchail airson aonachd na h-eaglaise. Dèan do cho-dhùnadh fhèin, a rèir an t-suidheachaidh ionadail agad. Gus an gabh a chleachdadh aig àm sam bith den bhliadhna, bidh comharra 1-8 air stuth nan Làithean.

## ÒRDUGH SEIRBHEIS

Faodar an t-òrdugh seirbheis ann am meadhan an leabhraing a-tharraing a-mach agus lethbhreac a dhèanamh dheth, ma thogras tu. Air neo, faodar na goireasan uile a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn CTBI agus tha fàilte ort an atharrachadh airson cleachdadh ionadail. Feuch an comharraich thu gur e tùs an stuth stòrasan Eaglaisean Còmhla ann am Breatainn agus Èirinn, Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail.

## BALLA AONACHD CHRÌOSDAIL

Feuch an cuir thu fiosrachadh agus dealbhan de na tachartasan agad, ùrnaighean agus teachdaireachdan aonachd ri “balla” aonachd Chrìosdail aig [weekofprayer.org](http://weekofprayer.org) le bhith a' postadh gu Twitter a' cleachdadh an hashtag #wpcuwall. Bidh puist a' nochdadh gu fèin-ghluasadach (às dèidh greis bheag).

## AITHNE NAN DEALBHAN

Tha an dealbh còmhdaich ceadichte airson a chleachdadh le eaglaisean agus buidhnean a bhios a' cur ar stuthan gu feum airson na Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail 2025, agus cuideachd an fheadhainn a bhios a' sanasachd ar stòrasan. Cleachdaibh aithne mar a th' ann gu h-ìosal:

**Dealbh-còmhdaich, td13 agus 14-23:** Leo Lintang / Alamy Stock Photo.

**Td2, 4 and 5:** Jim Forest, air a chleachdadh le cead.

**Td24:** Pixabay / Pexels.

**Còmhdach cùil:** Flickr / L.C. Nøttaasen.

SEACHDAIN ÙRNAIGH AIRSON AONACHD CHRÌOSDAIL 2025

# ÒRDUGH ADHRAIDH

*A bheil thu a'  
creidsinn  
seo?*



## STIÙIREADH DHAIBHSAN A THA AG ULLACHADH AN ADHRAIDH

Am-bliadhna chaidh an t-seirbheis eadar-eaglaiseach a chur air dòigh le coimhearsnachd Bose, manachainn eadar-eaglaiseach de bhràithrean is pheathraichean ann an ceann a tuath na h-Eadailt. Ann am Bose, tha ruitheam de dh'ùrnaigh chunbhalach na bhunait do beatha na coimhearsnachd. Bidh na glagan a' gairm nam peathraichean, nam bràithrean agus nan aoighean gu ùrnaigh, cruinn aig an eaglais.

Mar a bhios sinn a' comharrachadh 1,700 bliadhna bho Chomhairle Nicaea, tha Creud Nicaea aig cridhe na seirbheis adhraidh seo. Mar riochdachadh air seo, tha leughaidhean sgrìobtair na bliadhna a' cuimseachadh air creideamh.

Aig an t-seirbheis seo thathar a' toirt cuireadh don choimhearsnachd a tha air cruinneachadh meòrachadh air an sgeulachd mu aideachadh creideimh Mharta ann an Ìosa mar a chaidh aithris ann an Eòin 11:17-27. Thathas ag iarraidh air gach neach meòrachadh air ceist bhrosnachail Ìosa gu Marta: “A bheil thu a' creidsinn seo?”

Mar fhreagairt do ghairm an fhacail, tha sinn a' daingneachadh ar creideimh còmhla ann an aithris shòlaimte air Creud Nicaea. Tha an t-àm seo ga chomharrachadh le co-roinn solas Chrìosd, air a shamhlachadh le coinnlean laiste. Thèid coinnlean a chur mun cuairt, a' sgaoileadh an t-solais tron choinneimh. Tha sinn a' seasamh còmhla mar sholas an t-saoghail, aonaichte ann an gaol, ag ràdh: “Tha sinn a' creidsinn...”. Aig deireadh na creuda, tha na coinnlean laiste air an cur ri chèile ann an soitheach freagarrach agus sàbhailte, gus an loisg iad còmhla mar chuimhneachan air ar gairm leantainnich gu aonachd Chrìosdail.

Is e feart sònraichte eile an adhraidh am-bliadhna gun cluinnear briathran sgrìobhadairean Crìosdail o shean, gu sònraichte ann an ùrnaighean eadar-ghuidhe. Do pheathraichean is bràithrean Bose, tha na sgrìobhadairean seo nan stòr beò airson na beatha a th' aca còmhla.

*Mar a thig an coithional còmhla, gheibh a h-uile duine coinneal (gun lasadh)*

## *Cuireadh*

Stiùiriche

O chionn seachd ceud bliadhna deug, an dèidh ùine fhada de gheur-leanmhainn agus eagal, chruinnich an Eaglais ann an Nicaea gus an creideamh Crìosdail a dhaingneachadh. Is e an creideamh seo, an-còmhnaidh aosmhor, an-còmhnaidh ùr, ar n-aobhneas gun chrìoch. Tha Crìosd air èirigh on uaigh, a' toirt buaidh air bàs agus dorchadas, agus a' toirt dhuinn a' bheatha mhaireannach!

Stiùiriche

Beannaichte gum biodh Dia, a nis agus gu siorraidh. Thigibh, cromaidh sinn an làthair an Tighearna ar Dia.

**Coithional**

**A Dhia Naoimh, Naomh agus làidir, Naomh agus Neo-bhàsmhor, dèan tròcair oirnn.**

Stiùiriche

Dèanamaid gàirdeachas ri aoibhneas na h-aiseirigh.

## *Laoidh no òran aiseirigh*

Stiùiriche

Dèanamaid ùrnaigh.

A Dhia, an Cruthaighear, tha sinn ag adhradh dhut. Nar seasamh am measg na cruthaigheachd gu lèir, tha fios againn gu bheil sinn air ar dèanamh airson do ghloir. A' nochdadh d' ìomhaigh agus do choltais, tha sinn gad fhaireachdainn nar beatha. A' cuimhneachadh do dhìlseachd, tha sinn gad bheannachadh airson nach leig thu seachad sinn gu bràth. Ag èisteachd ri do ghairm rinn, tro gach sgeul, gach naomh is gach saoi, tha sinn gad bheannachadh airson do làthaireachd làidir nar measg.

A Dhia na beatha, tha sinn ag adhradh dhut.  
Nar seasamh aig d' uaigh, còmhla ri Màiri, tha sinn  
a' caoidh.  
Ged nach aithnich sinn thu, cluinnidh sinn gu bheil thu a'  
gairm ar n-ainm.  
Le bhith eòlach ort a-rithist, tha sinn airson cumail faisg ort.  
Nad ghràdh caomh, tha thu gar n-ùrachadh  
agus gar n-iompachadh gus càch a ghairm gu beatha nad ainm.

Spioraid a' chumhachd, tha sinn ag adhradh dhut.  
A' cuimhneachadh sgeulachd na cruthaigheachd, tha sinn a'  
faireachdainn do làthaireachd.  
A' triall bho thràillealachd, bidh sinn gad leantainn gu saorsa.  
Nar seasamh air beulaibh na croise, tha sinn gad shireadh anns  
an dorchadas.  
A' lasadh le d' theine, tha sinn air ar n-iompachadh  
gu deisciobaileachd.

Dia an Cruthaighear, Tighearna na Beatha, Spiorad  
a' chumhachd,  
Tha sinn ag adhradh dhut.

**Coithional**

**Amen.**

## *Ag èisteachd ri Facal Dhè*

### *Leughadh meòrachail (airson trì guthan)*

*Eòin 11:17-27*

**Neach-leughaidh 1**

An sin nuair a thàinig Ìosa, fhuair e gu robh Làsarus air a  
bhith cheana ceithir làithean anns an uaigh. A-nis bha Betani  
fagus do Ierusalem, mu thimcheall còig-stàidean-deug (mu dhà  
mhìle) uaithe, agus thàinig mòran de na h-Iùdhaich a-chum  
Mharta agus Muire, gu comhfhurtachd a thoirt dhaibh a thaobh

am bràthar.

(Sàmhchair)

**Neach-leughaidh 2**

An sin nuair a chuala Marta gu robh Ìosa a' teachd, chaidh i na chòdhail: ach shuidh Muire anns an taigh. An sin thubhairt Marta ri Ìosa, "A Thighearna, nam biodh tusa an seo, chan fhaigheadh mo bhràthair bàs. Ach tha fhios agam a-nis fhèin, ge bè air bith nithean a dh'iarras tu air Dia, gun toir Dia dhut iad."

(Sàmhchair)

**Neach-leughaidh 3**

Thubhairt Ìosa rithe, "Èiridh do bhràthair a-ris." Thubhairt Marta ris, "Tha fhios agam gun èirich e a-ris anns an aiseirigh air an là dheireannach." Thubhairt Ìosa rithe, "Is mise an aiseirigh, agus a' bheatha: an ti a chreideas annamsa, ged gheibheadh e bàs, bidh e beò. Agus ge bè neach a tha beò, agus a' creidsinn annamsa, chan fhaigh e bàs am feasd. A bheil thu a' creidsinn seo?" Thubhairt i ris, Tha, a Thighearna: tha mi a' creidsinn gur tusa Crìosd, Mac Dhè, a bha gu teachd a-chum an t-saoghail."

(Sàmhchair)

**Neach-leughaidh 1**

A bheil thu a' creidsinn seo?

(Sàmhchair)

**Neach-leughaidh 2**

A bheil thu a' creidsinn seo?

(Sàmhchair)

**Neach-leughaidh 3**

A bheil thu a' creidsinn seo?

**Coithional**

Tha sinn a' creidsinn, cuidich ar mì-chreideamh.

## *Earrann an t-Soisgeil*

*Eòin 20:24-29*

Ach cha robh Tòmas, aon den dà-fhear-dheug, den goirear Didimus, maille riu, nuair a thàinig Ìosa. Uime sin thubhairt na deisciobail eile ris, “Chunnaic sinne an Tighearna.” Ach thubhairt esan riu, “Mura faic mise aileadh nan tàirngan na làmh, agus mura cuir mi mo mheur ann an aileadh nan tàirngan, agus mura cuir mi mo làmh na thaobh, cha chreid mi.”

Agus an ceann ochd làithean na dhèidh sin, bha a dheisciobail a-ris a-staigh, agus Tòmas maille riu: thàinig Ìosa, agus na dorsan dùinte, agus sheas e anns a’ mheadhon, agus thubhairt e, “Sith dhuibh.” Na dhèidh sin thubhairt e ri Tòmas, “Cuir an seo do mheur, agus feuch mo làmh;” agus sin an seo do làmh, agus cuir am thaobh i: agus na bi mì-chreidmheach, ach creidmheach. Agus fhreagair Tòmas, agus thubhairt e ris, “Mo Thighearna agus mo Dhia.” Thubhairt Ìosa ris, “Airson gum faca tu mi, a Thòmais, chreid thu: is beannaichte iadsan nach faca, agus a chreid.”

## *Freagairt*

Neach-leughaidh                      Is mòr an Tighearna, is mòr a neart.

**Coithional**                              **Is mòr an Tighearna, is mòr a neart.**

Neach-leughaidh                      Chan eil crìoch air a ghliocas.

**Coithional**                              **Is mòr a neart.**

Neach-leughaidh                      Glòir don Athair, agus don Mhac, agus don Spiorad Naomh:

**Coithional**                              **Is mòr an Tighearna, is mòr a neart.**

## *Sàmhchair/Laoidh*

## Searmon

### Sàmhchair/Laoidh/Ceòl

## A' comharrachadh ar creideimh choitchinn

#### Stiùiriche

Thuirte Ìosa, “Is mise solas an t-saoghail.”

Ann an iomadh traidisean Crìosdail, aig baisteadh, gheibh an neach a tha ga bhaisteadh (no an neach-taice) coinneal laiste. Tha Ìosa cuideachd ag iarraidh air a luchd-leanmhainn a bhith nan solas don t-saoghal. Tha sinn uile a’ giùlan solas Chrìosd air aiseirigh. Gheibh sinn an solas seo bho Chrìosd tro càch a chèile.

*Lasaidh an Stiùiriche a’ chiad choinneal agus roinnidh iad an solas leis an fheadhainn a tha faisg air làimh, a bhios an uair sin a’ roinn an t-solais tron cho-chruinneachadh.*

#### Stiùiriche

Tha sinn a-nis ag iarraidh oirbh an solas a cho-roinn le chèile leis na faclan, **“Solas Chrìosd”**.

*Nuair a tha na coinnlean uile air an lasadh, tha an Stiùiriche a’ leantainn:*

#### Stiùiriche

Gun gràdhaicheadh sinn a chèile, gus an aidich sinn le aonachd inntinn creideamh na h-Eaglaise, aosmhor agus ùr:

#### Coithional

Tha sinn a’ creidsinn ann an aon Dia,  
an t-Athair, an t-Uile-chumhachdach,  
cruithear nèimh agus talmhainn,  
de na h-uile a tha faicsinneach is neo-fhaicsinneach.  
Tha sinn a’ creidsinn ann an aon Tighearna, Ìosa Crìosd,  
aon mhac Dhè,  
gu siorraidh ginte den Athair,  
Dia o Dhia, Solas o Sholas,  
fìor Dhia o fhìor Dhia,

ginte, chan ann dèante,  
 den aon susbaint ris an Athair.  
 Leis an do rinneadh a h-uile nì.  
 Air ar son-ne agus airson ar saoraidh  
 thàinig e a-nuas o nèamh;  
 le cumhachd an Spioraid Naomh  
 ghabh e colann daonna den Òigh Moire agus rinneadh  
 na dhuine e.  
 Air ar son-ne cheusadh e fo Phointius Pilat;  
 dh'fhuiling e bàs agus dh'adhlaiceadh e.  
 Air an treas latha dh'èirich e a-rithist a-rèir nan  
 Sgriobtairean;  
 chaidh e suas gu nèamh  
 agus tha e na shuidhe aig deas-làimh an Athar.  
 Thig e a-rithist ann an glòir  
 a thoirt breith air na beothaibh agus air na mairbh,  
 agus air a rìoghachd cha bhi crìoch.  
 Tha sinn a' creidsinn anns an Spiorad Naomh,  
 an Tighearna, tabhartair beatha,  
 a tha a' tighinn on Athair agus on Mhac.  
 Leis an Athair agus leis a' Mhac, tha e air adhradh agus air  
 a ghlòrachadh,  
 a labhair tro na Fàidhean.  
 Tha sinn a' creidsinn ann an aon Eaglais naomh chaitligeach  
 agus abstolach.  
 Tha sinn ag aideachadh aon bhaistidh gu maitheanas  
 pheacannan.  
 Tha dùil againn ri aiseirigh nam marbh,  
 agus ri beatha an t-saoghail a tha ri teachd.  
 Amen.

*Aig deireadh na Creuda tha na coinnean air an cur ann an àite sa mheadhan agus thèid  
 laoidh, òran no briathran iomchaidh a ràdh no a sheinn.*

# Ùrnaighean Eadar-ghuidhe

Stiùiriche

Anns an àm eadar-ghuidhe seo tha sinn a' ceangal ar n-ùrnaighean anns an àm seo fhèin ri creideamh na h-Eaglais anns na seann làithean.

Neach-leughaidh 1

Oir rinneadh a h-uile nì à neoni, agus rachadh iad uile fodha ann an neonitheachd, mura cumadh Ùghdar nan uile nì e le làimh an riaghlaidh.  
(*Griogair Mòr [c. 540-604]*)

Coithional

**A Thighearna na beatha, tha sinn a' faighinn a h-uile cruthachaidh bho do làimh agus le do fhreastal. Teagaisg dhuinn a bhith beò nad shaoghal le cùram agus ceartas a shireadh airson gach nì a chruthaich thu.**

Neach-leughaidh 2

Is e seo creideamh: an solas so-thuigsinn a tha le gràs a' soillseadh anns an anam, a chumas suas an cridhe, agus a builicheas tiodhlac an dòchais.  
(*Isaac Ninebheh [7mh linn]*)

Coithional

**A Dhia ghràdhaich, deònaich dhuinn tiodhlac dòchais gu pailt ann an saoghal a tha fo thrioblaid le sgaradh agus fòirneart. Neartaich do shluagh air an claoidh le dìth misneachd agus eagal.**

Neach-leughaidh 1

Ciod an t-iongantas ma-tà, ma tha sinn, a' teachd a dh'ionnsaigh Dhè, ag aideachadh an toiseach gu bheil sinn a' creidsinn, oir tuigidh sinn, às aonais seo, nach fhaod sinn fiù a' bheatha chumanta a chaitheamh.  
(*Rufinus Aquileia [c. 344-411]*)

Coithional

**A Dhia thròcairich, thoir maitheanas dhuinn airson nan amannan a dh'fhàilnich oirnn beatha chumanta a bhith againn mar Chrìosdaidhean. Tarraing sinn nas doimhne gu aon chreideamh annad fhèin, gus an dèan sinn fianais air an t-saoghal.**

Neach-leughaidh 2

Tha an fhirinn a' faicinn Dhè, agus tha gliocas a' beachdachadh  
air Dia, agus às na dhà seo tha an treas cuid a' teachd,  
iongnadh naomh agus mìorbhaileach ann an Dia, as e gràdh.  
(*Julian Norwich [c.1343- às dèidh 1416]*)

Coithional

**A Chofhurtair Nèamhaidh, tha sinn a' guidhe gun cuir sinn  
barrachd earbsa ann an tiodhlacan d' fhirinne, do ghliocais  
agus do ghràidh na tha ann an gliocas ar smuaintean fhèin.**

Neach-leughaidh 1

Nochd solas Chrìosd agus thug e air dorchadas a' phrìosain a  
dhol à bith agus naomhaich e ar breith agus sgrios e ar bàs, a'  
fuadachadh nan gèimhlean ceudna anns an robh sinn glaiste.  
(*Irenaeus Lyon [c. 135-198]*)

Coithional

**A Thighearna thròcairich, treòraich sinn gu bhith ag obair  
còmhla gus am bi sinn, ge bith càite a bheil dorchadas agus  
fòirneart, fulangas agus ana-ceartas, a' toirt a-steach do  
sholas agus do shaorsa.**

Stiùiriche

Mar bhràithrean is pheathraichean Ìosa, bidh sinn ag ùrnaigh  
còmhla anns na faclan a theagaisg e dhuinn:

Coithional

**Ar n-Athair...**

## Laoidh

## Ùrnaigh Crìochnachaidh

(air a thoirt agus air atharrachadh bho choimhearsnachd Bose)

Stiùiriche

A Dhia uile-chumhachdaich,  
cluinn ar moladh agus ar buidheachas  
airson na tha gar n-aonachadh mar-thà.  
Luathaich an uair anns an aithnich sinn a chèile  
anns an aon cho-chomann a thoilich thu

agus airson an do rinn do Mhac ùrnaigh.  
Beannaichte gu robh Dia, a nis agus gu siorraidh.

**Coithional**

**Amen.**

## *Leigeil air Falbh*

**Neach-leughaidh 1**

Guma beannaichte gu robh Dia agus Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd, neach a rèir a mhòr-thròcair a dh'ath-ghin sinne gu beò-dhòchas, tre aiseirigh Ìosa Crìosd o na mairbh a chum oighreachd neo-thruaillidh, agus neo-shalaich, agus nach searg às, a tha air a coimhead anns na nèamhan dhuibhse, tha air ur coimhead le cumhachd Dhè tre chreideamh a-chum slàinte, a tha ullamh ra foillseachadh anns an aimsir dheireannaich. Nì anns a bheil sibh a' dèanamh mòr-ghàirdeachas, ged tha sibh a-nis rè ùine bhig (mas feumail e) fo thùirse tre iomadh buaireadh a chum gum faighear dearbhadh ur creidimh, nas luachmhoire gu mòr na òr a thèid am mugha, ged dhearbhar le teine e, a-chum cliù, agus urraim, agus glòir aig foillseachadh Ìosa Crìosd dom bheil sibh a' toirt gràidh, ged nach faca sibh e; agus ged nach eil sibh a-nis ga fhaicinn, air dhuibh a bhith a' creidsinn ann, tha sibh a' dèanamh mòr-ghàirdeachais le aoibhneas air dol thar labhairt, agus làn de ghlòir, a' faotainn crìoch ur creidimh, eadhon slàinte ur n anama.  
(1 Peadar 1: 3–9)

**Stiùiriche**

An Tighearna bi maille ribh.

**Coithional**

**Agus riut fhèin.**

**Stiùiriche**

Gun deònaicheadh esan, as e ar sìth-ne a rinn aon dhinn,  
gun nochd sinn a chèile do Dhia san aon Spiorad.  
Agus beannachd Dhè ...

**Coithional**

**Amen.**



**Earrainnean Biobaill** bho Chomann-Bhìoball Dùthchail na h-Alba,  
7 Sreath Hampton, Dùn Èideann, EH12 5XU 1992

**Creideas nan dealbhan:**

Dealbh-còmhdaich agus 14-23: Leo Lintan/ Dealbh stoc Alamy.  
Còmhdach cùil: Pixabay / Pexels

## Nòta mun dreach den Chreud a tha anns na stòrasan seo:

Is e teacsa na Creud a chleachdadh san t-seirbheis adhraidh an dreach de Chreud Nicene-Constantinopol a bhios aig Seanaidhean Coitcheann Comhairle Eaglaisean na Cruinne agus tachartasan eadar-eaglaiseach eile.

Ann a bhith a' toirt iomradh air an Spiorad Naomh, tha e a' fàgail a-mach a' chlàs filioque a tha ag ràdh – “agus am Mac” – às dèidh na h-abairt “a thig bhon Athair”. Cha robh an clàs seo ann an teacsa na Creud a ghabhadh ris aig Comhairle Nicaea (325) no aig Comhairle Chonstantinople (381), ach chaidh a chur ris san Iar san t-siathamh linn, gus diadhachd a' Mhic a dhaingneachadh. an aghaidh na h-eiriceachd Arianaich. Tha e air a bhith na adhbhar connspaid eadar an Ear agus an Iar airson grunn linnnean agus tha e air a bhith na chuspair deasbaid cudromach eadar-eaglaiseach anns na deicheadan mu dheireadh. Tha an teacsa cuideachd a' fàgail a-mach clàs Deum de Deo – “Dia bho Dhia” – ann a bhith a' toirt iomradh air a' Mhac, a chaidh a ghabhail a-steach sa Chreud aig Nicaea ach a chaidh fhàgail às an dreach a chaidh gabhail ris aig Constantinople ann an 381.

Mhol aithisg 1981 bho Choimisean Creideimh is Òrduigh Comhairle Eaglaisean na Cruinne, air a bheil an Eaglais Chaitligeach na làn bhall: “Gum bu chòir cruth tùsail treas artaigil na Creud, às aonais an filioque, aithneachadh mar an àbhaist agus gum bu chòir ath-stèidheachadh, gus am bi e comasach dha na Crìosdaidhean gu lèir an creideamh cumanta anns an Spiorad Naomh aideachadh.”<sup>1</sup> Fhad 's a tha an clàs filioque fhathast na phàirt de dhualchas liotuirgeach na h-Eaglaise Caitligeach agus cuid de dh'Eaglaisean an Iar eile, tha Easbaigean na Ròimhe ga fhàgail a-mach nuair a bhios iad ag aithris na Creud ann an coinneamhan eadar-eaglaiseach le ceannardan Eaglaisean an Ear. Thuit sgrìobhainn a' Bhatican ann an 1995: “Tha an Eaglais Chaitligeach ag aithneachadh luach comhairleach, eadar-eaglaiseach, riaghailteach agus do-atharrachaidh, mar dhòigh air aon chreideamh coitcheann na h-Eaglaise agus a h-uile Crìosdaidh a chur an cèill, an t-Samhla a chaidh ainmeachadh ann an Greugais aig Constantinople ann an 381 leis an Dàrna Comhairle Eadar-eaglaisich. Chan urrainn do aideachadh creideimh sam bith a tha sònraichte do dhualchas liotuirgeach sònraichte a dhol an aghaidh an aideachadh creidimh seo a tha air a theagasg agus air aideachadh leis an Eaglais neo-roinnte.”<sup>2</sup>

<sup>1</sup> Pàipear Creideimh & Òrduigh Comhairle Eaglaisean na Cruinne 103, Spirit of God, Spirit of Christ: Ecumenical Reflections on the Filioque Controversy (1981).

<sup>2</sup> Comhairle Phàpach airson Aonachd Chrìosdail a bhrosnachadh, The Greek and Latin Traditions regarding the Procession of the Holy Spirit (1995).

# Latha 4

## Dìomhaireachd Phaschal: Mar a rinneadh Ìosa na fheòil, Fhulangas, a Bhàs agus Aiseirigh

### Leughaidhean Sgrìobtair

Philipianaich 2:8-9

Ecsodus 3:1-6

Isaiah 9:6-7

### Mìneachadh

Annas a' chreud bruidhnidh sinn mu dhaonnachd Chrìosd, mu Chrìosd ga irioslachadh fhèin, eadhon gu bàs air a' chrann-cheusaidh. Ge bith dè cho mì-chofhurtail 's a dh'fhaodadh e a bhith, gu h-àraidh anns a' chultar againn a tha beò-ghlacte le fallaineachd, bha bàs a-riamh mar phàirt den traidisean agus den chòmhradh Chrìosdail. Gu dearbh, nach e a bhith daonna a bhith a' fàilligeadh: bidh sinn a' dèanamh mhearachdan; bidh sinn air ar cuingealachadh le ar crìochan corporra; bidh sinn a' goirteachadh dhaoine eile; bidh sinn a' bàsachadh. Tha obair saorsa Chrìosd air a' Chrois a' sgrios bàs agus a' toirt gealladh na beatha mhaireannaich dhuinn còmhla ri Dia. Bheir seo misneachd dhuinn gu bheil sinn air ar gràdhachadh le Dia na tròcaire agus a' mhathanais. Mar a sgrìobh Irenaeus (casbaig san dàrna linn): "Bha Dia an t-Athair ro-thròcaireach: chuir e Fhacal thugainn, a thàinig gar saoradh don àite agus don dearbh ionad anns an do chaill sinn ar beatha, agus bhris e ar

geamhlan. Nochd a sholas agus chuir e ruaig air dorchadas a' phrìosain agus naomhaich e ar breith agus sgrios e am bàs." Chan eil Dia a' seasamh air leth bhuainn ach thàinig e 'don àite agus don dearbh ionad' far an robh peacadh, fulangas agus bàs, ann an teis-meadhan beatha dhaoine.

*"Tha dòchas coltach ri eun a dh'fhidreas camhanaich agus a thòisicheas gu faiceallach a' seinn fhad 's a tha e fhathast dorch."* (Gun urra)

### Cnuasachadh

Silidh an t-uisge ach cha dèan  
e drùdhadh -  
Tha an t-sith a' tùrling —  
Tha maise a' sgaoileadh —  
Fosgladh,  
Cùbhras,  
Dàn molaidh foirfe  
Air a sheinn gun fhaclan.

Tha làthaireachd a' doimhneachadh,  
Faireachdainnean ag èirigh,  
Agus tha na deòir gan cothlamadh  
le buidheachas.  
Gus a bhith eòlach  
Ceadichte.  
Suailean blàiths  
A' cuairteachadh ann am foistinneachd  
shiorraidh

Brìgh spioradachd  
Glacte  
A-staigh agus a-muigh  
Duine sìmplidh.

Dè an gealladh a tha san amharc  
Nuair a thriallas an fheòil gu saoradh  
Anns an spiorad?

Bidh Spiorad agus Spiorad Tri  
a' dannsadh  
Ridhle  
Taobh a-muigh tim  
Do gach nì nuadh.

## Ùrnaigh

Ìosa air èirigh,  
Cuidich mi gus grèim fhaighinn air an  
deagh naidheachd gun tug thu an gath  
às a' bhàs,  
agus gun tug thu dòchas glòrmhor  
dhuinn uile.  
Gabh thugad fhèin m' eagal agus m'  
iomagain agus leig leam gabhail ris an  
fhìrinn gu tur.

## Ceistean

1. Tha fios againn gum faigh sinn uile bàs. Ciamar a tha creideas gu bheil Ìosa a' sgrios bàs gar cuideachadh gus aghaidh a thoirt air an fhìrinn seo?
2. Ciamar as urrainn dhuinn an fheadhainn mun cuairt oirnn a bhrosnachadh gu bhith a' coimhead air cho do-sheachanta 's a tha bàsachadh is bàs, agus aghaidh a thoirt air an eagal aca fhèin agus eagal dhaoine eile?
3. Tha seo na chuspair duilich dha mòran dhaoine. Ciamar as urrainn dhuinn sinn fhìn fhosgladh do dhaoine eile le creideamh, dòchas agus co-fhaireachdainn airson coiseachd còmhla riutha ann an co-theacsa nas fharsainghe?

A bhith beò mar fhianais do dhaoine eile.  
A' labhairt briathran creideimh, dòchais  
agus gràidh. **AMEN.**

## Theirig agus Dèan

(see [www.ctbi.org.uk/goanddo](http://www.ctbi.org.uk/goanddo))

**Pearsanta:** A bheil thu air planadh airson do bhàis fhèin? Innis d' iomagain mu bhàs gu Dia nad ùrnaigh. Bruidhinn ri cuideigin anns a bheil earbsa agad mu na tha thu ag iarraidh tachairt nuair a gheibh thu bàs.

**Ionadail:** Thoir buidheann dhaoine còmhla anns an eaglais agad a bhruidhinn air bàsachadh agus bàs. Iarr cuideachadh bho bhuidhnean agus carthannasan ionadail gus beachdachadh air cùisean leithid dèanamh tiomnadh, bròn agus dè tha deagh bhàs a' ciallachadh.

**Cruinneil:** Beachdaich air mar as urrainn dhut taic a thoirt do dhòspaisean agus cùram furtachd ann an dùthaich eile.

# Latha 5

## Spiorad Naomh, anail Dhè

### Leughaidhean Sgrìobtair

Eòin 20:19-23

Eseciel 37:9-14

Salm 104:24-34

### Mineachadh

Tha Spiorad Dhè air a bhith a' tarraing anail bhon toiseach. Tha cuid de na seann theacsaichean gar cuideachadh gus obair an Spioraid a thuigsinn agus ar cuireadh gu tiodhlac an Neach-tagraidh ghràdhaich seo a ghabhail.

Tha an Spiorad gar gairm gu aghaidh na talmhainn ath-nuadhachadh, a' com-pàirteachadh ann an obair a' mhaithneais agus an leighis. Chan urrainn dhuinn seo a choileanadh tro ar neart fhèin, ach feumaidh sinn tiodhlac Spiorad Dhè fhaireachdainn nar cridhe, dìreach mar a dh'fhairich na deisciobail a chruinnich anns an t-seòmar uachdarach. Thuirte Ìosa, air nochdadh dha dheisciobail: 'Sith dhuibh, agus a' sealltainn dhaibh a làmhnan agus a thaobh, shèid e orra.

Tha sinn air ar gairm mar an Eaglais gu aonachd an Spioraid a chumail agus àrach. Nuair a bhios sinn beò air leth bhon Spiorad bidh sinn a' call ar n-analach agus a' tilleadh gu duslach,

ach nuair a choimheadas sinn ri Ìosa airson beatha agus anail, tha sinn air ar n-ath-ghineadh airson obair ath-nuadhachaidh agus co-chruthaigheachd miann Dhè a thoirt gu buil an seo fhèin. "Is ann leis an Spiorad a tha sinn a' cumail nan àitheantan diadhaidh a bhith a' toirt gràdh do Dhia agus do choimhearsnach." Is e sin ar gairm choitcheann, agus ar rùn coitcheann, agus sinn air ar cur a-mach don t-saoghal.

### Ceistean

1. Càite bheil thu a' mothachadh feum nad bheatha fhèin air anail an Spioraid chum beatha agus iomlanachd a thoirt gu buil? Dèan ùrnaigh airson anail Dhè ath-bheothachadh.
2. Càite am faic sinn an Spiorad Naomh ag obair, a' faighinn thairis air ar sgaraidhean agus gar tarraing gu aonachd nas doimhne?
3. Tha Spiorad Dhè ag ath-nuadhachadh aghaidh na talmhainn a h-uile latha – anns an t-saoghal mun cuairt oirnn agus nas fhaide air falbh – càite bheil sinn ag aithneachadh gu bheil seo fìor agus càite bheil sinn a' mothachadh gu bheil feum sònraichte air ath-nuadhachadh?

## Ùrnaigh

A Dhia, a bhuilicheas Beatha, Solas an  
t-Saoghail, anail Nèimh,  
An aon Dia trì uairean naomh —  
Is beannaichte thu an-diugh, an-dè  
agus a-màireach.  
Tha sinn ag aideachadh ar creideimh  
choitichinn annad.  
Dèanamaid gàirdeachas san Spiorad,  
a tha ag ath-nuadhachadh aghaidh  
na talmhainn  
agus gar tarraing gu aonachd.  
Thoir maitheanas dhuinn nuair a tha  
ar n-anail gràineil.  
lasaich sinn le teine Chaingis,  
gu firinn an t-Soisgeil a labhairt a bheir  
dhuinn saorsa agus beatha.  
Dùisg ar n-ùrnaighean agus dèan  
feòil dhiubh  
mar a bhios sinn ag obair còmhla riut,  
gus a' chruthaigheachd gu lèir

a shlànachadh agus a dhèanamh  
iomlan.

## Cnuasachadh

Cuariteag duslach a' gluasad air  
aghaidh na talmhainn,  
làthaireachd neo-smachdaidh a' laighe  
os cionn an uisge,  
priobadh lasair, agus iteag ceòtha.  
An sin,  
sin thu.  
A' tarraing anail, a' dannsadh,  
dùbhlach, làn lùtha.  
Le d' anail-sa,  
tha d' aislingean airson an t-saoghail  
air an dèanamh nam feòil agus  
nan cnàimh,  
gan toirt beò le do ghràdh,  
faodaidh sinn a bhith nar dannsairean  
teine, luchd-anail na sìthe agus  
luchd-crathaidh chnàmhan.

## Theirig agus Dèan

([www.ctbi.org.uk/goanddo](http://www.ctbi.org.uk/goanddo))

**Pearsanta:** Ionnsaich mar a chleachdas tu d' anail ann an ùrnaigh. Dèan ùrnaigh goirid no “ùrnaigh anail”. Iarr air an Spiorad do threòrachadh.

**Ionadail:** Beachdaich air dòighean air ruighinn a-mach gu diofar eaglaisean eile faisg ort, chan ann a-mhàin tron t-Seachdain Ùrnaigh airson Aonachd Chrìosdail, ach tron bhliadhna.

**Cruinneil:** Gach Gearran, bidh eaglaisean air feadh na Rìoghachd Aonaichte a' comharrachadh Didòmhnaich Ceartas Cinnidh. Dè tha an eaglais agadsa a' dèanamh gus dèiligeadh ri ana-ceartas gràin-cinnidh agus leth-bhreith san RA agus air feadh an t-saoghail? Dèan ùrnaigh còmhla airson gliocas an Spioraid fhad 's a nì thu sgrùdadh air a' cheist seo.

# Latha 6

## An Eaglais: Coimhearsnachd nan creidmheach

### Leughaidhean Sgrìobtair

Isaiah 2:2-4

Salm 133

Ephesianaich 4:1-6

### Mìneachadh

Tha sinn air ar gairm gu bhith beò gu h-iriosal, caomh, le foighidinn, a' giùlan le chèile ann an gaol, a' dèanamh gach oidhirp air aonachd an Spioraid a chumail suas ann an dàimh na sìthe.

Mar Eaglais feumaidh sinn Ìosa a shireadh airson neart agus irioslachd gus ar gairm beatha a thoirt a-mach, chan ann a-mhàin nar coimhearsnachdan adhradh agus gu h-eadar-eaglaiseach, ach taobh a-muigh ar seòmraichean uachdarach: air rathaidean Emmaus, ag innse sgeulachdan còmhla a tha gar freumhachadh nar sgeul cumanta; air cladaichean far a bheil Crìosd a' toirt dùbhlann dhuinn a chaoraich a bhiadhadh; anns na h-àiteachan far am feum sinn a bhith air ar cruth-atharrachadh.

Tha Ìosa gar trusadh mar a bhean-phòsta, air ar dèanamh suas (mar a chanas Maximus an Neach-aidmheil) de “dhaoine gun àireamh agus gu tur

eadar-dhealaichte a thaobh tùs agus coltas, dùthaich agus cànan, caitheamh-beatha agus aois, eòlas agus ealain, dòigh beatha, cleachdaidhean, agus togarrachd, saidheansan agus urraman, dàn, stuamachd agus àbhaistean, tha iad uile anns an [eaglais], tro bheil iad uile air an ath-nuadhachadh agus air an ath-dhèanamh anns an Spiorad.”

Abair urram a bhith mar phàirt de choimhearsnachd cho beairteach agus eadar-mheasgte le gairm choitcheann airson deisciobail a dhèanamh, sìth a libhrigeadh agus a bhith ag obair còmhla ag ionnsachadh dòighean Dhè agus a' coiseachd ann an slighean Dhè fhad 's a tha sinn a' siubhal a dh'ionnsaigh Rìoghachd Dhè a bhios air a dèanamh fìor anns a h-uile coimhearsnachd agus oisinn na cruthaigheachd.

### Ùrnaigh

A Dhia ar triall,  
A Chrìosd ar cladaichean,  
Spioraid nan speur gun chrìoch,  
treòraich sinn gu aonachd.  
Thoir dùbhlann dhuinn ceum a ghabhail  
às na seòmraichean uachdarach agus  
na h-àiteachan sàbhailte againn,  
gu bhith a' giùlan solas agus sìth.  
Lìon sinn le solas do ghràidh,  
gar rèiteach

leinn fhìn,  
le chèile  
agus leatsa  
nuair a bheir sinn aghaidh air uabhas  
an sgaraidh.  
Cuir sìth, gràdh agus co-fhaireachdainn  
nar misean agus nar deisciobail.  
Ceangail le sìth gach ball briste  
chum gun tèid sinn don t-saoghal  
a bhith beò ann an slighe Ìosa  
Air sgàth na cruthaigheachd uile.

## Cnuasachadh

Tha a geugan a' laighe thairis orm  
a' cruthachadh sgàil na sìthe.  
Bidh mi ag aithris sgeulachdan nan  
làithean buidhe  
agus mi a' dol a chadal gun strì.  
An taic do làthaireachd fhulangaich,  
sùilean leth  
Mothaichidh mi solas breac tro  
na duilleagan  
a' sgaoileadh gu oisinnan m' anama,  
a' soillseachadh aislingean a bha aon  
uair marbh.  
Dùisgidh mi gu fosgladh a blàith,

## Ceistean

1. Is i an Eaglais solas Chrìosd anns an t-saoghal, càite bheil thu a' faicinn seo fìor agus dè na dòighean anns a bheil e a' tachairt?
2. Ann an Crìosd tha an Eaglais na h-aon chorp — ciamar a chunnaic thu seo fìor, agus càite am faca tu cothrom air tuilleadh co-chruthachaidh?
3. Tha an Eaglais, mar choimhearsnachd an Spioraid Naoimh a bhuilicheas sìth, air a cur a-mach a sgaoileadh teachdaireachd na sìthe san t-saoghal. Dè na dòighean anns am faodadh na h-eaglaisean ionadail agad na buill aca a chuideachadh gus a' ghairm seo a choileanadh?

deàlrach agus beairteach le cùbhras  
an dòchais  
air a sèideadh leis a' ghaoith, air a togail  
agus air a dùsgadh  
tro shràidean a chaill dòchas agus  
lèirsinn o chionn fhada.

## Theirig agus Dèan

([www.ctbi.org.uk/goanddo](http://www.ctbi.org.uk/goanddo))

**Pearsanta:** Smaoinich air mar a làimhsicheas tu eas-aonta. Rannsaich dòighean air drochaidean a thogail le daoine aig a bheil diofar bheachdan riut fhèin.

**Ionadail:** “Is i an eaglais an eaglais a-mhàin nuair a tha i ann do dhaoine eile” (Dietrich Bonhoeffer). Rannsaich dòighean anns a bheil coimhearsnachd na h-eaglaise agad a' cumail ris a' ghairm seo a bhith ann airson daoine eile?

**Cruinneil:** Faigh a-mach barrachd mu na tha eaglaisean a' dèanamh gus a bhith ag obair air cùisean ceartas cruinne tro bhuidhnean leithid Christian Aid agus CAFOD.

# Latha 7

## Baisteadh gu Bàs agus Aiseirigh an Tighearna

### Leughaidhean Sgrìobtair

Micah 7:18-19

Salm 51:1, 10, 12

Mata 28:16-20

### Mìneachadh

Sgrìobh Iain Chrysostom ann an Constantinople aig deireadh na 4mh linn gu bheil Dia anns a' Bhaisteadh a' toirt dhuinn “anabarras de a ghràs.” Tha e a' teachd mar theine nar n-anam, a' cruth-atharrachadh ar clach-mhèinnir gu òr, “a' losgadh suas 'ìomhaigh nan saoghalta, agus a' dèanamh 'ìomhaigh nan nèamhaidh,' nuadh-dhèanta, deàlrach, agus drilseach, mar on fhùirneis.”

Tha Ambrose Mhilan, a' sgrìobhadh mun aon àm, ag ràdh: “cha bu dàna leat do ghnùis a thogail suas gu nèamh, thionndaidh thu do shùilean a dh'ionnsaigh na talmhainn, agus gu h-obann fhuair thu gràs Chrìosd... Tog, ma-thà, do shùilean don Athair, a ghin thu tro bhaisteadh, don Athair a shaor thu tron Mhac, agus abair, 'Ar n-Athair!' Tha an rud a bha annainn aon uair gar cumail a' coimhead sìos ann an nàire air duslach agus salchar na talmhainn a' leaghadh, a' leigeil le ar sùilean togail gu nèamh gus 'Abba, Athair' a ghlaodh.”

### Cnuasachadh

Tha Crìosd air an t-àm a dh'fhalbh a thiodhlacadh dhut anns an uaigh còmhla ris gus an èirich thu ann am broinn gràidh Dhè gu beatha ùr – tòisich a-rithist – èirich gu sìorraidh ann an Aonta Diadhaidh. Tha Dia a' gabhail cùram den àm ri teachd agad. Is e àm gun chrìoch a th' ann. Tha e air tòiseachadh mar-thà. Tha thu làn dheth a Chrìosdaidh, Tha thu driùidhte ann.

### Ùrnaigh

Le buidheachas nach urrainn faclan a chur an cèill molaidh sinn thu, a Thighearna, agus bheir sinn glòir dhad ainm

Airson ar gairm gu earbsa a' chreidimh anns a' bhaisteadh, airson a' chomanachaidh a th' againn còmhla anns a' Cho-cheangal Nuadh, airson na h-aonachd a tha sinn cheana a' mealtainn agus do làthaireachd anns an Eaglais naoimh: molaidh sinn thu, a Thighearna, agus bheir sinn glòir dha d' ainm.

Airson fianais Chrìosdaidhean fo  
gheur-leanmhainn,  
airson fulangas am martarachd,  
airson an compàirt ann am  
fulangas Chrìosd:  
molaidh sinn thu, a Thighearna, agus  
bheir sinn glòir dhad ainm

Do sheirbhisich comanachaidh uile,  
dhaibhsan a nì ùrnaigh agus a nì obair  
airson rèite nan eaglaisean,  
dhaibhsan a leagas sìos am beatha ann  
an seirbhis na h-aonachd, molaidh  
sinn thu,  
a Thighearna, agus bheir sinn glòir  
d' ainm.

Luathaich an latha, tha sinn a'  
guidhe ort,  
de làn aithne ar n-eaglaisean air a chèile  
an comanachadh sin a tha thu  
ag iarraidh,  
agus air an do rinn do Mhac ùrnaigh.  
Tha sinn ag iarraidh seo ann an  
cumhachd an Spioraid Naoimh.  
**AMEN.**

## Ceistean

1. Tha Crìosdaidhean air am baisteadh ann an gaol fiùghantach a tha mar bhàs agus aiseirigh Chrìosd. Dè tha do bhaisteadh a' ciallachadh dhutsa an-diugh?
2. Tha peacadh gar gànrachadh ann an diofar dhòighean, gu pearsanta agus thairis air ar coimhearsnachdan. Tro bhaisteadh, tha Dia gar saoradh. Ciamar as urrainn dhut do bheatha a lionadh leis an t-sorsa seo agus cothroman cruthachail gaol do dhaoine eile san sgìre agad?
3. Leis na diofar thraidiseanan agus chleachdaidhean eaglaise a th' againn, ciamar a tha “aon Tighearna, aon chreideamh, aon bhaisteadh” (Ephesianaich 4:5) a' toirt buaidh air ar dàimhean le Crìosdaidhean eile faisg air làimh agus fada air falbh?

## Theirig agus Dèan

([www.ctbi.org.uk/goanddo](http://www.ctbi.org.uk/goanddo))

**Pearsanta:** Meòraich air àm cruth-atharrachail air do thuras creideimh. Innis am meòrachadh agad do chàch.

**Ionadail:** Cuir air dòigh cuairt no taistealachd eadar-eaglaiseach còmhla ri Crìosdaidhean bho thraidiseanan eile.

**Cruinneil:** Dè na rudan às an do shaor do chreideamh thu? Dè a leig sin leat a dhèanamh? Beachdaich air mar as urrainn dhut a bhith beò ann an cumhachd saoraidh a' chreidimh le bhith ag obair gus daoine fo gheur-leanmhainn a shaoradh.

# Latha 8

## A' feitheamh ris an Rìoghachd

### Leughaidhean Sgrìobtair

Taisbeanadh 21:1-4

Salm 85:8,10-12

Lùcas 12:35-40

### Mineachadh

Tha creud Nicene a' co-dhùnadh gu bheil sinn a' coimhead air adhart ri aiseirigh an fheadhainn a tha marbh agus ri beatha san linn ri teachd. Mar Chrìosdaidhean tha sinn a' creidsinn ann an dòchas, eadhon anns na h-àiteachan as duirche, eadhon ann am bàs. Is e gràdh cruth-atharrachail Dhè a tha gar toirt gu dòchas. Tha Isaac Ninebheh a' sgrìobhadh, “tha neach sam bith a tha beò ann an gaol anns a' chruthaigheachd seo a' tarraing anail na beatha a thig o Dhia”, agus ag ràdh gu bheil “gaol na bheathachadh gu leòr.”

Tha gaol aig cridhe Rìoghachd Dhè, an seo air thalamh agus cuideachd air nèamh, far nach bi bàs no sgaradh tuilleadh agus a thèid na deòir uile a thionnachadh. Mar a bhios sinn ag ùrnaigh airson barrachd aonachd Chrìosdail anns a' bheatha seo, leanaidh sinn beatha gaoil agus seirbheis do chàch. Bha Crìosd a' riochdachadh beatha gràidh. Tha Dorothee Solle a' sgrìobhadh, “Rinn Crìosd Dia

follaiseach le bhith a' dèanamh dhaoine neo-fhaicsinneach faicsinneach – na bochd, boireannaich, a h-uile duine gun chòraichean.” Air thòir air barrachd aonachd, bidh sinn ag obair gus gràdh Dhè do na h-uile a dhèanamh aithnichte agus a' feitheamh ann an dòchas gun tèid Rìoghachd Dhè a choileanadh.

### Ùrnaigh

A Dhia an dòchais, tha thu a' gealltainn gum faigh iadsan a tha bochd nan spiorad Rìoghachd Nèimh.

Thoir beatha ùr dhaibhsan a tha ag earbsa annad.

A Chrìosd, is aithne dhut pian an sgaraidh, ach fiù ann am bròn tha thu a' teagasg dhuinn slighe na cofhurtachd.

Cuidich sinn a' cuimhneachadh gur tusa an t-aoibhneas nach gabh a thoirt air falbh.

Ìosa, tha thu a' leagail nan daoine cumhachdach, a' gealltainn gun sgeadaich thu luchd-dèanaimh na sìthe le trusgan glòrmhor, a' gairm Clann Dhè orra.

Dèan sinn nar giùlanairean air do shìth.

A Chrìosd na tròcaire agus an truacantais, thug thu mathanas don mhèirleach a bhàsaich còmhla riut air crann.

Cuimhnich oirnn uile nuair a thig thu a-steach dha do rìoghachd. AMEN.

## Cnuasachadh

Dè an sòlas a tha ann an dòchas?  
Dè an sòlas a tha ann an aonachd?  
Is sinne na h-acraich air an rathad,  
agus ann an Dia tha sinn air ar  
beathachadh.  
Cuin a bhios sinn sàsaichte?  
Is ann nuair a bhios sinn a' biathadh ar  
peathraichean is ar bràithrean.  
A' dèanamh ceangal ris a' chinne-daonna,  
a' cur fàilte air a' choigreach.  
A' suathadh ri cruthaigheachd fhad 's a  
bhios sinn a' coimhead agus  
a' feitheamh.  
air àm nuair a bhios ceartas agus sìth  
a' pògadh.

Cùm do lòchrain a' lasadh, cùm faire.  
Oir tha aoibhneas ann an aonachd, tha  
aoibhneas ann an dòchas.  
Anns an dòchas seo bidh sinn a'  
seinn "alleluia".

## Ceistean

1. Beachdaich air mar a tha thu a' riochdachadh comharran na Rìoghachd a tha ri thighinn san t-saoghal an-diugh.
2. Ann an Lùcas Caibideil 12 thathas ag iarraidh oirnn cumail 'ar lòchrain air an lasadh' agus a bhith deiseil airson teachd na Rìoghachd. Ciamar a tha na h-eaglaisean san sgìre agad ag ullachadh?
3. Càite bheil thu a' faicinn comharran dòchais san àm seo?

## Theirig agus Dèan

([www.ctbi.org.uk/goanddo](http://www.ctbi.org.uk/goanddo))

**Pearsanta:** Cò a tha air an cur suarach, a' faireachdainn nach eileas gam faicinn san t-saoghal againn an-diugh? Dè as urrainn dhut a dhèanamh gus ceangal a dhèanamh ri cuideigin san t-suidheachadh sin?

**Ionadail:** Faigh a-mach mu neach no coimhearsnachd a tha gu sònraichte airson dòchas a thoirt gu saoghal roinnte. Smaoinich air mar as urrainn dhut fhèin agus an eaglais an eisimpleir aca a leantainn no pàirt a ghabhail san obair aca.

**Cruinneil:** Ionnsaich tuilleadh mu Chomhairle Eaglaisean na Cruinne aig [www.oikoumene.org](http://www.oikoumene.org). Ciamar as urrainn dhut taic a thoirt do dh'obair Comhairle Eaglaisean na Cruinne ann a bhith a' brosnachadh aonachd Chrìosdail ann an ùrnaigh agus gnìomh?

# SEACHDAIN ÙRNAIGH AIRSON AONACHD CHRÌSDAIL 2025



[ctbi.org.uk/weekofprayer](http://ctbi.org.uk/weekofprayer)  
[weekofprayer.org](http://weekofprayer.org)

X (Twitter): #wpcu2025  
#wpcuwall



## **Air Fhoillseachadh le**

**Churches Together in Britain  
and Ireland**

Interchurch House  
35 Lower Marsh  
Lunnainn SE1 7RL  
[info@ctbi.org.uk](mailto:info@ctbi.org.uk),  
Fón: 0203 794 2288

Àir. carthannas clàraichte: 1113299.  
Companaidh a tha cuingichte le  
barantas, àireamh clàraidh: 5661787